



SCOTTISH POLICE
AUTHORITY
ÙGH DARRAS POILIS NA H-ALBA



Bòrd na
Gàidhlig

Plana Gàidhlig 2023-2028



Ro-ràdh

Mar Àrd-oifigear Ùghdarras Poilis na h-Alba, tha mi fìor thoilichte dreachd den darna tionndadh den Phlana Ghàidhlig againn airson 2023 - 2028 fhoillseachadh.

Tha a' Ghàidhlig na h-eileamaid chudromach de shòisealtas agus chultar na h-Alba agus tha an t-Ùghdarras gu mòr airson taic a chumail ri brosnachadh agus aithneachadh a' chànain, mar phàirt de dhualchas na dùthcha againn, agus cuideachd mar chànain beò. Tha sinn ag aithneachadh cuideachd gu bheil a' Ghàidhlig cur ri sunnd sòisealta, cultarail agus eaconomach.

Tha tionndadh a dhà den Phlana Ghàidhlig againn ag amas air taic a chumail ri lìbhrigeadh nan amasan a tha air am mìneachadh ann am Phlana Nàiseanta na Gàidhlig agus ri bhith a' coileanadh nan dleastanasan a tha air am mìneachadh ann an Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Ghabh an t-Ùghdarras an sàs agus thug iad cuireadh do bheachdan air ais mun dreach seo leis an luchd-ùidh againn, an luchd-obrach agus am poball san luchar agus san Lùnastal 2021.

Tha e a' suidheachadh amasan ruigsinneach a rèir ar prìomhachasan gnìomhachais agus a' cuimseachadh air tuigse agus cleachdadh Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne againn a neartachadh. Tha na gealltanasan againn a' cuimseachadh air faicsinneachd, inbhe agus cleachdadh na Gàidhlig a chur am meud anns an dòigh 's a bhios an t-Ùghdarras a' conaltradh ri, agus ag obair leis a' phoball. Bidh seo a' gabhail a-staigh a bhith a' cruthachadh suaicheantas ùr a thèid a chleachdadh air feadh nan seanailean conaltraidh againn.

Is iad na h-amasan àrd-ìre a chaidh aontachadh le Bòrd na Gàidhlig:

- Stèidhich buidheann leasachaidh is buileachaidh airson a' phlana Ghàidhlig le àrd-riochdachadh bho a h-uile gnìomh SPA a' gabhail a-steach Seirbheisean Foireansach.
- Bidh an t-Ùghdarras, agus e ag obair a chùim leas a' phobaill, a' brosnachadh agus a' toirt feart air beachdan luchd-cleachdaidh agus coimhearsnachdan Gàidhlig gus an obair sgrùdaidh aige air obair-phoilis agus chùisean poilis fhiosrachadh.
- Trèanadh mothachaidh Gàidhlig agus trèanadh sgilean cànan gu bhith mar phàirt den inntigeadh is trèanadh aig seirbheisean Chorpóra Seirbheisean Foireansach Ùghdarras Poilis na h-Alba.
- Mar phàirt den chuairt-riaghlaidh leantainneach is stiùireadh leantainneach air obair-phoilis, nì an t-Ùghdarras sgrùdadh air na tha obair-phoilis a' cur ri lìbhrigeadh Phlana Nàiseanta na Gàidhlig ann an seisean poblach.

Tha sinn ag aithneachadh gu bheil feum air dòigh-obrach fa leth ach co-phàirteach a dhìth aig an Ùghdarras agus Poileas Alba gus dèanamh cinnteach gu bheil sinn a' cur ri neartachadh na Gàidhlig gu brioghmhor agus gu bheil a' bhuidheann againn a tha sinn ag iarraidh. Tha sinn gu mòr airson obrachadh le Poileas Alba gus an t-amas seo a chur air adhart.

Lynn Brown OBE

Àrd-oifigear

Ùghdarras Poilis na h-Alba

Clàr-innse

1. Ro-ràdh	Taobh-duilleig 4
2. Prìomh Prionnsabalan	Taobh-duilleig 10
3. Gealltanasan a' Phlana	Taobh-duilleig 11
4. Ceanglaichean ris an Fhrèam-obrach Coileanaidh Nàiseanta	Taobh-duilleig 25
5. Ceanglaichean ri Frèaman Ionadail is Roinneil	Taobh-duilleig 25
6. Foillseachadh	Taobh-duilleig 26
7. Goireasachadh a' Phlana	Taobh-duilleig 26
8. Sgrùdadh a' Phlana	Taobh-duilleig 27
9. Am Plana Gàidhlig anns an Ùghdarras Phoblach	Taobh-duilleig 27
Eàrr-ràdh 1 - Sgrùdadh air comasan taobh a-staigh na buidhne	Taobh-duilleig 29
Eàrr-ràdh 2 - Co-chomhairle Phoblach	Taobh-duilleig 31

1 RO-RÀDH

TUAIRISGEUL AIR ÙGH DARRAS POILIS NA H-ALBA

Chaidh Ùghdarras Poilis na h-Alba a stèidheachadh air 1 Giblean 2013 fo Achd Ath-leasachadh Poilis is Smàlaidh (Alba) 2012. Tha an t-Ùghdarras air a dhèanamh suas de Bhòrd le suas ri 15 ball, a' gabhail a-steach Cathraiche, agus tha iad air an taghadh tro phròiseas fastaidh poblach agus air an taghadh le Ministearan na h-Alba.

Chaidh an t-Ùghdarras a stèidheachadh gus am biodh sgaradh soilleir ann eadar Ministearan na h-Alba agus an t-seirbheis poilis.

Is iad na prìomh phrionnsapalan san Achd a tha mar bhunait air obair-phoilis ann an Alba:

- gur e am prìomh adhbhar aig obair-phoilis a bhith a' cur sàbhailteachd agus soirbheas dhaoine, àiteachan agus coimhearsnachdan na h-Alba am feabhas;
- agus gum bu chòir dhan t-Seirbheis Poilis, agus i a' co-obrachadh le buidhnean eile far a bheil sin iomchaidh, a bhith a' feuchainn ris a' phrìomh adhbhar aig obair-phoilis a libhrigeadh ann an dòigh a tha;
 - (i) ruigsinneach do, agus ann an co-chonaltradh ri, coimhearsnachdan ionadail, agus
 - (ii) a' cur air adhart cheuman gus casg a chur air eucoir, cron agus mì-rian.

Tha còig prìomh dleastanasan aig an Ùghdarras fon Achd. Is iad sin:

- a bhith a' cumail suas Seirbheis Poilis;
- a bhith a' cur air adhart prionnsapalan na h-obair-phoilis ann an Achd 2012;
- gus leasachadh leantainneach a bhrosnachadh ann an obair-phoilis na h-Alba; agus
- gus obair-phoilis na h-Alba a chumail fo sgrùdadh; agus
- gus an t-Àrd-chonstabal a chumail cunntachail airson obair-phoilis ann an Alba.

Tha na còig dleastanasan seo a' sealltainn nan dleastanasan ceangailte aig an Ùghdarras a bhith a' stiùireadh obair-phoilis, a bhith a' cumail an Àrd-chonstabal cunntachail, agus a bhith a' cumail taic ri obair-phoilis gus fàs nas fheàrr.

Tha grunn dhleastanasan a bharrachd aig an Ùghdarras a bharrachd air na prìomh dhleastanasan a tha air an comharrachadh san Achd, a' gabhail a-steach solarachadh Seirbheisean Foireansach dhan t-siostam ceartas eucorach nas fharsainghe ann an Alba. Tha an t-seirbheis a tha air a thoirt seachad ann an Alba na mhodail eucoir-gu-cùirt gun samhail a nì cinnteach gu bheil neo-chlaonachd agus neo-eisimeileachd ann tro bhith a' cur trannsa sterile ann eadar Seirbheisean Foireansach agus Poileas Alba.

Tha mu 600 luchd-obrach aig an Ùghdarras gus Seirbheisean Foireansach a libhrigeadh ann an Alba, agus mu 50 luchd-obrach gus taic a chumail ris an Ùghdarras ann a bhith a' libhrigeadh nan dleastanasan sgrùdaidh agus riaghlaidh. Tha an Ùghdarras cuideachd a'

fastadh còrr is 5000 luchd-obrach poilis a tha fo stiùireadh agus smachd an Àrd-chonstabail, agus a bhios a' cumail taic ri Poileas Alba ann an cur an gnìomh nam foincseanan aige.

Tha dleastanas reachdail air an Ùghdarras cuideachd Sgeama Luchd-tadhail Neo-eisimeileach air Daoine a tha an Greim (*Independent Custody Visiting Scheme - ICVS*) a chumail suas agus a riaghladh gus sùil a chumail air leas dhaoine a tha air an cumail ann an greim leis a' phoileas air feadh na h-Alba. Tha sgeama ICV a' cuideachadh gus dèanamh cinnteach gu bheil an Ùghdarras a' coileanadh an dleastanasan a thaobh co-ionannachd is iomadachd agus a thaobh dìon chòraichean daonna. Bidh e cuideachd a' cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil Alba a' dèanamh a h-uile rud as urrainn dhi anns na seirbheisean poblach aice gus coinneachadh ri inbhean eadar-nàiseanta a shuidhich na Dùthchannan Aonaichte anns a' Phròtacal Roghainneil aca dhan Chùmhnant an aghaidh Creòtachd agus Làimhseachadh no Peanasachaidh An-ìochdmhor, Mì-chneasta no Ìsleachaidh eile (*United Nations Optional Protocol to the Convention against Torture and Other Cruel, Inhuman or Degrading Treatment or Punishment - OPCAT*).

Tha dleastanas cudromach aig an Ùghdarras cuideachd ann a bhith a' beachdachadh air gearanan mun Ùghdarras; luchd-obrach an Ùghdarras, no oifigearan Poileas Alba aig ìrean Àrd-Chonstabail Taic, Leas Àrd-chonstabail, no Àrd-chonstabail.

Mar a' phrìomh bhuidheann riaghlaidh airson obair-phoilis ann an Alba, tha uallaichean agus dleastanas an Ùghdarras eadar-dhealaichte bhon fheadhainn aig a' mhòr-chuid de bhuidhnean poblach eile. Bidh an t-Ùghdarras a' suidheachadh agus a' sgrùdadh buidsead bliadhna a tha nas àirde na £1.3 billean agus feumaidh e an luach as fheàrr fhaighinn a thaobh nam foincseanan aige. 'S e Àrd-oifigear an Ùghdarras an t-Oifigear Cunntachail a tha cunntachail gu pearsanta do Phàrlamaid na h-Alba airson a' bhuidseit gu lèir.

Bidh an t-Ùghdarras a' suidheachadh ro-innleachd, a' sgrùdadh agus ag aithris air coileanadh, a' cumail taic ri obair leasachaidh leantainneach, agus ag èisteachd ri, agus a' toirt feart air diofar bheachdan air obair-phoilis ann an Alba. Bidh sùil is taic an Ùghdarras air obair-phoilis a' tarraing air raon farsaing de dh'fhianais agus air beachdan neo-eisimeileach bho eòlaichean aig grunn bhuidhnean, nam measg luchd-sgrùdaidh agus buidhnean coltach ris.

Tha an t-Ùghdarras air rùnachadh gun obraich e ann an com-pàirteachas le daoine eile an dà chuid aig an ìre nàiseanta is ionadail gus an raon-ùghdarras againn a libhrigeadh. Tha ùghdarrasan ionadail nam pàirt chudromach de dh'obair com-pàirteachaidh an Ùghdarras oir tha e a' feuchainn ri dhèanamh cinnteach gum bi e comasach do choimhearsnachdan buaidh a thoirt air na seirbheisean a gheibh iad.

Tha prìomhachasan an Ùghdarras mar bhuidheann air am mìneachadh sa Ro-innleachd Chorpóra air fhoillseachadh air an làrach-lìn.

GÀIDHLIG TAOBH A-STAIGH ÙGHARRAS POILIS NA H-ALBA

Na daoine againn

Ged is e buidheann phoblach eadar-dhealaichte a th' ann, bidh Ùghdarras Poilis na h-Alba agus Seirbheisean Foireansach a' faighinn taic HR agus luchd-obrach bho Phoileas Alba. Mar sin, bidh sinn obair gu dlùth leis an t-seirbhis gus cleachdadh na Gàidhlig thar luchd-obrach uile a' phoilis a thuigsinn ach gu sònraichte taobh a-staigh sgioba Corporra agus Seirbheisean Foireansach an Ùghdarras.

Na stuthan Gàidhlig / dà-chànanach againn

Bho 2016, tha Ùghdarras Poilis na h-Alba agus Poileas Alba air tionndaidhean Gàidhlig a dhèanamh den Plana Poilis Ro-innleachdail againn.

2016: [Obair Phoileas 2026](#)¹

2020: [Co-ro-innleachd airson Obair-phoilis](#)²

Tha an t-Ùghdarras air sgrìobhainnean a chruthachadh ann an Gàidhlig co-cheangailte ris an Sgeama Luchd-tadhail Neo-eisimeileach air Daoine a tha an Greim airson cleachdadh le daoine a tha an greim a tha airson bruidhinn ris an luchd-tadhail againn sa Ghàidhlig.

Tha an t-Ùghdarras cuideachd air raon Gàidhlig sònraichte a chruthachadh air an eadra-lìon airson luchd-obrach a tha ag obair taobh a-staigh Seirbheisean Corporra is Foireansach aig Ùghdarras Poilis na h-Alba, a bhios ag brosnachadh taic agus dealas an Ùghdarras àite seasmhach a chruthachadh airson Gàidhlig ann an Alba.

Na soidhnichean againn

Tha an suaicheantas agus soidhnichean Gàidhlig rim faicinn ann an àrd-oifis an Ùghdarras ann an Cidhe a' Chuain Sèimh ann an Glaschu agus ann an oifis nan Seirbheisean Foireansach ann an Cùirt Rushton, Dùn Dè.

Tha suaicheantas agus stuthan margaidheachd dà-chànanach aig an ùghdarras a tha air a chleachdadh airson coinneamhan den Ùghdarras. Tha na stuthan seo a' cur ri faicsinneachd suaicheantas an Ùghdarras oir bidh coinneamhan gan sruthadh beò agus a chionn 's gu bheil clàraidhean de na coinneamhan rim faighinn air seanail sruthadh-beò sònraichte.

GÀIDHLIG ANN AN ALBA

Aig àm Cunntas-sluaigh 2011 (an cunntas as ùire aig an àm seo), bha sgilean Gàidhlig aig 87,100 daoine aois trì agus nas sine ann an Alba (1.7% den t-sluaigh). A-mach as na 87,100 daoine seo:

¹ [policing-2026-strategy-gaelic-201709.pdf \(spa.police.uk\)](#)

² https://www.spa.police.uk/spa-media/2ejfuysh/joint-strategy-for-policing-2020-v9_gla.pdf

- bha làn-sgilean Gàidhlig aig 32,400 (37%), 's e sin ri ràdh gum b' urrainn dhaibh Gàidhlig a thuigsinn, a bhruidhinn agus a sgrìobhadh
- bha comas labhairt Gàidhlig aig 57,600 (66%)
- bha comas sgrìobhaidh agus/no leughaidh ach gun chomas labhairt aig 6,100 (7%)
- bha comas Gàidhlig a thuigsinn ach chan ann gus a bhruidhinn, a sgrìobhadh no a leughadh aig 23,400 (27%).

Is iad Roinn na Gàidhealtachd, na h-Eileanan Siar agus Baile Ghlaschu na sgìrean ùghdarras ionadail leis an àireimh as motha de dhaoine le sgilean Gàidhlig; le cha mhòr an dàrna leth (49%) de dhaoine aig a bheil sgilean Gàidhlig gu nàiseanta a' fuireach ann, agus bha 70.3% de na daoine a bhios a' cleachdadh na Gàidhlig aig an taigh.

Bha an àireamh sa chiad le sgilean Gàidhlig aois trì is nas sine aig an ìre as àirde anns na h-Eileanan Siar (61%), Roinn na Gàidhealtachd (7%) agus Earra-Ghàidheal is Bòd (6%). Bha 1.7% ann am Baile Ghlaschu, an cuibheas nàiseanta, ach 's e dùmhachd àrd de luchd-labhairt na Gàidhlig san aon àite a tha seo. Às na daoine aig an robh comas Gàidhlig a bhruidhinn, thuir 40% gum biodh iad a' cleachdadh Gàidhlig aig an taigh gu nàiseanta, ged a tha an àireamh sa cheud a' dol bho 22.1% suas ri 79.2% a rèir cho mòr 's a tha a' Ghàidhlig air a cleachdadh sa choimhearsnachd ionadail.

Taobh a-staigh dachaighean aig an robh inbhich le sgilean Gàidhlig air choireigin, bha comas Gàidhlig a bhruidhinn am measg chloinne aig 37.8% airson clann aois trì gu ceithir, 48.6% aig aois còig gu 11 agus 46.3% aig aois 12 gu 17. Ach, aig gach cuid ìre na bun-sgoil is na h-àrd-sgoile, bha a' bhuidheann as motha de luchd-labhairt Gàidhlig a' fuireach ann an dachaighean far nach robh sgilean Gàidhlig aig inbheach sam bith (36.1% aig aois còig gu 11 agus 39.3% aig aois 12 gu 17).

ACHD NA GÀIDHLIG (ALBA) 2005

Chaidh Achd na Gàidhlig (Alba) 2005 aontachadh le Pàrlamaid na h-Alba gus inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a' Bheurla.

'S e fear de na prìomh fheartan ann an Achd 2005 gu bheil ullachadh ann a tha a' toirt comas do Bhòrd na Gàidhlig toirt air ùghdarrasan poblach planaichean Gàidhlig ullachadh. Chaidh an t-ullachadh seo a chur ann gus dèanamh cinnteach gun dèan an roinn phoblach ann an Alba oidhirp gus an seas a' Ghàidhlig, le bhith a' togail inbhe is ìomhaigh na Gàidhlig agus le bhith a' cruthachadh chothroman practaigeach gus a cleachdadh.

Is e an sgrìobhainn seo an dàrna tionndadh de Phlana Gàidhlig Ùghdarras Poilis na h-Alba a chaidh a dheasachadh taobh a-staigh frèam Achd na Gàidhlig (Alba) 2005. Tha e a' cur air adhart mar a bhios sinn a' cleachdadh, a' comasachadh agus a' brosnachadh na Gàidhlig agus sinn a' dèanamh na h-obrach againn,

Thathar air Plana Gàidhlig an Ùghdarras a chur ri chèile a rèir nan slatan-tomhais reachdail ann an Achd 2005, le mothachadh air Phlana Cànan Nàiseanta na Gàidhlig is air an Stiùireadh air Deasachadh Phlanaichean Gàidhlig.

PLANA NÀISEANTA NA GÀIDHLIG

Tha taic Ùghdarras Poilis na h-Alba ri amas Plana Nàiseanta na Gàidhlig, 2018-23 "gun tèid a' Ghàidhlig a chleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine ann am barrachd shuidheachaidhean".

Tha sinn airson an t-amas seo a choileanadh tro bhith a' cur fòcas air obair anns na prìomh raointean seo;

- A' brosnachadh ìomhaigh fhàbharach dhan Ghàidhlig far an gabh seo a dhèanamh mar phàirt den obair làitheil againn mar bhuidheann
- A' meudachadh cleachdadh na Gàidhlig taobh a-staigh na buidhne againn agus a' brosnachadh barrachd dhaoine gus a' Ghàidhlig a chleachdadh nas trice nuair a bhios iad a' conaltradh leinn;
- A' toirt seachad cothroman dhan luchd-obrach uile againn ionnsachadh mun Ghàidhlig;

IN-SGRÙDADH AIR COMAS CÀNAIN

Às dèidh sgrùdaidh de luchd-obrach an Ùghdarras ann an 2018 (mu 550 luchd-obrach), thuirt 6 dhaoine ag obair an dà chuid ann an Seirbheisean Corporra agus Foireansach aig Ùghdarras Poilis na h-Alba gun robh iad comasach air Gàidhlig a bhruidhinn, a leughadh, a sgrìobhadh no a thuigsinn.

Bha an t-Ùghdarras ag obair ann an co-bhann le Poileas Alba gus sgrùdadh a dhèanamh air luchd-obrach uile a' phoilis. Bha an suirbhidh rè a' Ghiblein is a' Chèitein 2021 a' cuimseachadh air oifigearan agus luchd-obrach fo stiùir is smachd an Àrd-chonstabal cho math ri sgioba Corporra Ùghdarras Poilis na h-Alba agus an fheadhainn a tha ag obair ann an Seirbheisean Foireansach. Tron t-suirbhidh, tha comas againn faighinn a-mach mun phròifil cànanach aig luchd-obrach uile a' phoilis, a' gabhail a-steach:

- Àireamh an luchd-obrach aig a bheil comas Gàidhlig a bhruidhinn, leughadh, sgrìobhadh no a thuigsinn agus an ìre aig a bheil na sgilean cànan sin.
- Àireamh an luchd-obrach le Gàidhlig a tha comasach air a' Phlana Ghàidhlig a libhrigeadh agus an dòigh anns an urrainn dhaibh sin a dhèanamh.
- Na roinnean agus/no na h-àiteachan obrach far a bheil luchd-obrach a chaidh a chomharrachadh ag obair.
- Àireamh nan dreuchdan far am biodh Gàidhlig na buannachd.
- Seirbheis sam bith no pròiseas sam bith air an taobh a-staigh a tha air a dhèanamh tro mheadhan na Gàidhlig.

Tha toraidhean an sgrùdaidh ann an Eàrr-ràdh 1, agus le sin faodaidh sinn beachdachadh air mar a chleachdas sinn, agus mar a chuireas sin ris, na sgilean a th' aig an luchd-obrach againn aig an àm seo.

CO-CHOMHAIRLEACHADH AIR AN DREACHD PLANA GÀIDHLIG

A rèir Achd 2005, feumaidh ùghdarrasan poblach co-chomhairle a chumail air an dreachd plana Gàidhlig mus tèid a chur gu Bòrd na Gàidhlig.

Chaidh an dreachd seo den dàrna tionndadh de Phlana Gàidhlig Ùghdarras Poileis na h-Alba fhoillseachadh airson conaltradh agus co-chomhairle san Iuchar agus san Lùnastal 2021. Tha toraidhean a' cho-chomhairleachaidh air am mìneachadh ann am Èarr-ràdh 2 agus tha iad air fiosrachadh a thoirt don dreachd seo.

2. PRÌOMH PHRIONNSABALAN

Tha an dàrna tionndadh seo a' cur an cèill prògram obrach Ùghdarras Poilis na h-Alba airson 2023-28 agus a' daingneachadh ar taic ris na prìomh phrionnsabalan ann am Plana Nàiseanta na Gàidhlig.

SPÈIS CHO-IONANN

Fo Achd na Gàidhlig 2005, tha Bòrd na Gàidhlig ag amas air inbhe na Gàidhlig a dhaingneachadh mar chànan oifigeil ann an Alba aig a bheil spèis cho-ionann ris a' Bheurla agus a' leantainn air seo, tha am Bòrd an dùil gun seall ùghdarrasan poblach anns na planaichean aca, mar a thèid am prionnsabal a choileanadh agus a chumail suas san obair acasan.

Nuair a thèid Gàidhlig a chleachdadh ann an obair an Ùghdarras, nì sinn ar dìcheall gus dèanamh cinnteach gu bheil e aig an aon ìre agus den aon chàileachd ri rud sam bith a nithear sa Bheurla.

TAIRGSE GHNÌOMHACH

Nì seo cinnteach, nuair a bhios seirbheisean Gàidhlig rim faighinn, gum bi luchd-cleachdaidh Gàidhlig mothachail gu bheil iad ann, agus gu bheil iad air am brosnachadh gus an cleachdadh.

Bheir seo an t-uallach air falbh bhon neach fa leth a bhith ag iarraidh seo agus bheir e misneachd do luchd na Gàidhlig gun tèid na feumalachdan a choileanadh mas e sin a roghaineas iad.

Nì sinn cinnteach gu bheil na foillseachaidhean agus an t-susbaint againn sa Ghàidhlig a cheart cho ruigsinneach ris na foillseachaidhean is an t-susbaint againn sa Bheurla.

ÀBHAISTEACHADH

Nì Ùghdarras Poilis na h-Alba cinnteach gu bheil cothroman aig a' phoball agus aig an luchd-obrach againn gus Gàidhlig a chleachdadh air an àbhaisteachadh, a' cumail taic ri amas Plana Nàiseanta na Gàidhlig 2018-23 gum bi a' Ghàidhlig air a cleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann an raon nas fharsainghe de shuidheachaidhean.

3. GEALLTANASAN A' PHLANA

AMASAN ÀRD-ÌRE

AMAS FARSAING

Amas Àrd-Ìre: Stèidhich buidheann leasachaidh is buileachaidh airson a' phlana Ghàidhlig le àrd-riochdachadh bho gach roinn ann an SPA.

Buil a thathar ag iarraidh: Gus taic a chumail ri, agus gus gluasad air adhart leis na gealltanasan a tha sa Phlana Gàidhlig le com-pàirt bho àrd luchd-obrach bho gach raon gnìomhachais gus dèanamh cinnteach gum bi seilbh aig a' bhuidhinn air fad air a' Phlana Ghàidhlig.

Cleachdadh làithreach - Tha uallach airson a bhith a' brosnachadh agus a' co-òrdanachadh gèilleadh agus adhartas air feadh na buidhne an urra ri aon neach, Ceannard Stiùireadh Ro-innleachdail.

Gnìomhan a Dhith		Ceann-latha Targaid	Dleastanas
HLA 1.1	A' cruthachadh buidheann-stiùiridh	Bliadhna 1	Ceannard Stiùireadh Gnìomhachas an Ùghdarrais
HLA 1.2	Thèid puingean-conaltraidh singilte a stèidheachadh air feadh Seirbheisean Corporra agus Foireansach SPA.	Bliadhna 1	Uallach airson adhartas air a cho-roinn thar foincseanan an Ùghdarrais gu lèir a' gabhail a-steach Seirbheisean Foireansach
HLA 1.3	Thèid structar agus rùnaireachd nan coinneamhan a stèidheachadh	Bliadhna 1	le co-òrdanachadh, rùnaireachd agus sgrùdadh air a thoirt
HLA 1.4	Co-òrdanachadh le Poileas Alba	Bliadhna 1 - 5	seachad leis an Sgioba Stiùiridh Corporra.

CUIR RI CLEACHDADH NA GÀIDHLIG

Amas Àrd-Ìre: Bidh an t-Ùghdarras, agus e ag obair a chùim leas a’ phobail, a’ brosnachadh agus a’ toirt feart air beachdan luchd-cleachdaidh agus coimhearsnachdan Gàidhlig gus an obair sgrùdaidh aige air obair-phoilis agus chùisean poilis fhiosrachadh.			
Buil a thathar ag iarraidh: Gus cothroman a mheudachadh do luchd-cleachdaidh na Gàidhlig am beachdan a thoirt seachad gus buaidh a thoirt air obair an Ùghdarras agus a bhith air an riochdachadh ann an sgrùdadh obair-phoilis agus cùisean poilis. Gus cur ris an àireamh de phrìomh fhoillseachaidhean is susbaint a nithear gu dà-chànanach, agus/no sa Ghàidhlig.			
Cleachdadh làithreach - Bidh an t-Ùghdarras a’ foillseachadh tionndaidhean Gàidhlig de Phlana Ro-innleachdail a’ Phoilis air an làraich-lìn againn agus tha e air sgrìobhainnean a chruthachadh ann an Gàidhlig co-cheangailte ris an Sgeama Luchd-tadhail Neo-eisimeileach air Daoine a tha an Greim (<i>Independent Custody Visiting Scheme</i>) airson cleachdadh le daoine a tha an greim a tha airson bruidhinn ris an luchd-tadhail againn sa Ghàidhlig.			
Gnìomhan a Dhìth		Ceann-latha Targaid	Dleastanas
HLA 2.1	Ag iarraidh beachdan bho luchd-labhairt na Gàidhlig agus bho choimhearsnachdan gus obair an Ùghdarras fhiosrachadh.	Bliadhna 1 - 5	Ceannard Stiùireadh Gnothachais Ro-innleachdail an Ùghdarras le uallach co-roinnte thairis air gnìomhan an Ùghdarras, a’ gabhail a-steach Seirbheisean Foireansach.
HLA 2.2	Meudaichidh sinn an àireamh de ar prìomh fhoillseachaidhean a bhios sinn a’ dèanamh gu dà-chànanach agus sa Ghàidhlig.	Bliadhna 1 - 5	
HLA 2.3	Dèan cinnteach gu bheil taic eadar-theangachaidh is eadar-mhìneachaidh an sàs gus cuideachadh le eadar-theangachadh, co-chomhairlean agus susbaint didseatach no sna meadhanan.	Mar a tha a dhìth	
HLA 2.4	Liosta a dhèanamh de na stuthan Gàidhlig is dà-chànanach a th’ ann mar-thà, a’ gabhail a-steach foillseachaidhean, pàipearachd, foirmean agus susbaint air-loidhne	Bliadhna 1	

A' TOIRT FÀS AIR CLEACHDADH NA GÀIDHLIG

Amas Àrd-Ìre: Trèanadh mothachaidh Gàidhlig agus trèanadh sgilean Gàidhlig gu bhith mar phàirt den inntreigeadh is trèanadh aig seirbheisean Chorporra Seirbheisean Foireansach SPA.			
Buil a thathar ag iarraidh: Gus mothachadh air a' Ghàidhlig agus air sgilean Gàidhlig a thogail am measg luchd-obrach Seirbheisean Corporra is Foireansach an Ùghdarras agus gus cothroman sgilean cànan Gàidhlig a leasachadh agus a chleachdadh a thoirt air adhart.			
Cleachdadh làithreach - Tha earrann shònraichte aig an Ùghdarras air eadra-lìon an luchd-obrach a tha a' brosnachadh na Gàidhlig agus anns a bheil ceanglaichean ri Gàidhlig. Brosnaichidh sinn cothroman dhan luchd-obrach cuideachd gus Gàidhlig ionnsachadh, mar eisimpleir, làrach-lìn LearnGaelic.			
Gnìomhan a Dhith		Ceann-latha Targaid	Dleastanas
HLA 3.1	Dèan sgrùdadh comas cànan air luchd-obrach Corporra agusnan Seirbheisean Foireansach	Bliadhna 4	Ceannard Stiùireadh Gnìomhachas an Ùghdarras / Cathraiche fo-bhuidheann Seirbheisean Foireansach Co-ionannachd, Iomadachd agus In-ghabhail (EDI).
HLA 3.2	Cuairtich dàrna tionndadh Plana Gàidhlig SPA dhan luchd-obrach uile gus mothachadh a thogail mun phlana agus mu na gealltanasan na bhroinn.	Bliadhna 1	
HLA 3.3	Fiosrachadh gu bhith air a chruthachadh agus air a chur a-staigh dhan phrògram inntreigidh do luchd-obrach (modal Moodle) mun Phlana Gàidhlig.	Bliadhna 1	
HLA 3.4	Coimisean Trèanadh Mothachaidh Gàidhlig airson buill an Ùghdarras, agus Sgioba-stiùiridh Corporra is Foireansach Ùghdarras Poilis na h-Alba.	Bliadhna 2	
HLA 3.5	Brosnaich cothroman do luchd-obrach a bhith ag ionnsachadh sgilean Gàidhlig.	Bliadhna 1 - 5	

A' CUR DEAGH ÌOMHAIGH AIR ADHART AIRSON NA GÀIDHLIG

Amas Àrd-Ìre: Mar phàirt den chuairt-riaghlaidh leantainneach is stiùireadh leantainneach air obair-phoilis, nì an t-Ùghdarras sgrùdadh air na tha obair-phoilis a' cur ri lìbhrigeadh Phlana Nàiseanta na Gàidhlig ann an seisean poblach.			
Buil a thathar ag iarraidh: Gus sùil a chumail air na tha obair-phoilis a' cur ris Nàiseanta Gàidhlig, a thaobh ìre agus nàdar, ann am fòram fosgailte agus follaiseach. Barrachd faicsinneachd air mar a tha obair-phoilis a' cur ri lìbhrigeadh amasan Plana Nàiseanta na Gàidhlig.			
Cleachdadh làithreach - Thèid beachdachadh air na Planaichean Gàidhlig aig Ùghdarras Poilis na h-Alba agus Poileas Alba agus thèid an aontachadh leis a' Bhòrd aig coinneamhan den làn-ùghdarras a thèid a chumail gu poblach.			
Gnìomhan a Dhìth		Ceann-latha Targaid	Dleastanas
HLA 4.1	Cuir sgrùdadh air dòigh aig ìre a' Bhùird air na tha Ùghdarras Poilis na h-Alba agus Poileas Alba a' cur ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig co-dhiù dà uair ann am beatha a' Phlana.	Bliadhna 1 - 5	Ceannard Stiùireadh Gnìomhachas an Ùghdarras an co-bhonn ri Poileas Alba agus Seirbheisean Foireansach.
HLA 4.2	Foillsich aithisgean sgrùdaidh bliadhnail mu adhartas leis a' Phlana Ghàidhlig.	Bliadhna 1 - 5	

AMASAN SEIRBHEISEAN CORPORRA

INBHE

Suaicheantas agus brandd: Buil a thathar ag iarraidh - Bheir seachad an suaicheantas corporra agus an branddadh an dà chuid ann an Gàidhlig agus Beurla aig a' chiad chothrom agus mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith. Bu chòir dhan t-suaicheantas an aon ìre follaiseachd a thoirt dhan dà chànan.

Cleachdadh làithreach - Bidh Ùghdarras Poilis na h-Alba fhathast a' cleachdadh nan suaicheantasan Beurla is Gàidhlig fa leth (i.e. air a thaisbeanadh san oifis chorporra leis an aon mheud agus follaiseachd). Chaidh suaicheantas dà-chànanach a chruthachadh dhan Ùghdarras. Chan eil suaicheantas dà-chànanach aig Seirbheisean Foireansach aig an àm seo.

Gnìomhan a Dhith		Ceann-latha Targaid	Dleastanas
CSA 1.1	A' sgoileadh a-mach suaicheantais chorporra dhà-chànanaich an Ùghdarras.	Bliadhna 1	Prìomh Oifigear airson Riaghaladh agus Cùisean Taobh a-muigh aig an Ùghdarras / Speisealaiche Conaltraidh agus Com-pàirteachais nan Seirbheisean Foireansach
CSA 1.2	Cruthaich suaicheantas dà-chànanach airson Seirbheisean Foireansach	Bliadhna 1	

Soidhnichean: Buil a thathar ag iarraidh - Bidh soidhnichean follaiseach a' gabhail a-steach Gàidhlig agus Beurla mar phàirt de phròiseas ùrachaidh sam bith.

Cleachdadh làithreach: Bidh an t-Ùghdarras fhathast a' cleachdadh nan suaicheantasan Beurla is Gàidhlig fa leth (i.e. air a thaisbeanadh san Oifis chorporra leis an aon mheud agus follaiseachd) agus aig aon ionad Seirbheisean Foireansach. Chaidh suaicheantas dà-chànanach a chruthachadh.

Gnìomhan a Dhith		Ceann-latha Targaid	Dleastanas
------------------	--	---------------------	------------

CSA 2.1	Cuir sanasan dà-chànanach an àite shoidhnichean oifis corporra an Ùghdarras.	Bliadhna 1	Prìomh Oifigear airson Riaghaladh agus Cùisean Taobh a-muigh aig an Ùghdarras / Speisealaiche Conaltraidh agus Com-pàirteachais nan Seirbheisean Foireansach
CSA 2.2	Sgaoil a-mach soidhnichean dà-chànanach aig Seirbheisean Foireansach	Bliadhna 4	
CSA 2.3	Dèan liosta de na soidhnichean Gàidhlig is soidhnichean dà-chànanach a tha ann mar-thà air an taobh a-staigh is an taobh a-muigh.	Bliadhna 2	

CONALTRADH LEIS A' PHOBALL

Brosnachadh: Buil a thathar ag iarraidh - Teachdaireachd bhrosnachail gu bheilear daonnan a' cur fàilte airconaltradh bhon phoball anns a' Ghàidhlig.			
Gnìomhan a Dhìth		Ceann-latha Targaid	Dleastanas
CSA 3.1	Thèid duilleag "Fios Thugainn" an Ùghdarras ùrachadh gus conaltradh sgrìobhte sa Ghàidhlig a bhrosnachadh.	Bliadhna 1	Prìomh Oifigear airson Riaghaladh agus Cùisean Taobh a-muigh aig an Ùghdarras
CSA 3.2	Meudaichidh an t-Ùghdarras an conaltradh agus an cosnachadh le luchd-ùidh agus am poball sa Ghàidhlig.	Bliadhna 1 - 5	
CSA 3.3	Dèan cinnteach gu bheil taic eadar-theangachaidh is eadar-mhìneachaidh an sàs gus cuideachadh le eadar-theangachadh, co-chomhairlean agus susbaint didseatach no sna meadhanan.	Mar a tha a dhìth	
CSA 3.4	Duilleag ghearanan air an làrach-lìn ri ùrachadh gus foillseachadh gu bheilear a' gabhail ri gearanan a thèid an conaltradh sa Ghàidhlig.	Bliadhna 1	
Conaltradh sgrìobhte: Buil a thathar ag iarraidh - Bithear daonnan a' gabhail ri conaltradh sa Ghàidhlig (post, post-d agus meadhanan sòisealta) agus bheirear seachad freagairtean sa Ghàidhlig a rèir a' phoileasaidh choitcheinn.			
Cleachdadh làithreach - Tha an t-Ùghdarras air gealltainn gabhail ri conaltraidhean sa Ghàidhlig agus am freagairt sa Ghàidhlig nuair a ghabhas seo dèanamh.			

Gnìomhan a Dhìth		Ceann-latha Targaid	Dleastanas
CSA 4.1	Ùraich am poileasaidh air conaltradh sgrìobhte gus iomradh sònraichte a thoirt gu bheil a' gabhail ri conaltradh sa Ghàidhlig agus gun tèid freagairtean a sholarachadh sa Ghàidhlig.	Bliadhna 1	Prìomh Oifigear an Ùghdarrais airson Stiùireadh Corporra / Cathraiche fo-bhuidheann Seirbheisean Foireansach Co-ionannachd, Iomadachd agus Inghabhail (EDI).
CSA 4.2	Dèan cinnteach gu bheil taic eadar-theangachaidh is eadar-mhineachaidh ann.	Bliadhna 1	
CSA 4.3	Thèid cuimhneachan bliadhnail a thoirt do luchd-obrach Corporra agus Foireansach an Ùghdarrais mu a bhith a' cleachdadh eàrr-sgrìobhadh puist-d dà-chànanach.	Bliadhna 1 - 5	

Fàilteachas is Fòn: Buil a thathar ag iarraidh - Far am bi e comasach do luchd-obrach le Gàidhlig an t-seirbheis seo a thoirt seachad, thèid taic a chumail riutha gus seo a dhèanamh agus thèid an t-seirbheis a bhrosnachadh dhan phoball.

Gnìomhan a Dhìth		Ceann-latha Targaid	Dleastanas
CSA 5.1	Beachdaich air toraidhean an sgrùdaidh a-staigh gus comharrachadh a bheil luchd-obrach ann le sgilean ann andreuchdan far an urrainn dhaibh an t-seirbheis seo a thoirt seachad.	Bliadhna 1	Prìomh Oifigear an Ùghdarrais airson Stiùireadh Corporra
CSA 5.2	Tog comas tro thrèanadh mothachadh luchd-obrach agus cothroman ionnsachaidh saor-thoileach.	Bliadhna 5	Ceannard Stiùireadh Gnìomhachas an Ùghdarrais

Coinneamhan poblach: Buil a thathar ag iarraidh - Bithear a' rannsachadh agus a' brosnachadh cothroman airson coinneamhan poblach a chumail san dà chànan no sa Ghàidhlig gu cunbhalach.

Gnìomhan a Dhìth		Ceann-latha Targaid	Dleastanas
CSA 6.1	Bheir sinn a-steach eileamaid de Ghàidhlig labhairteach far a bheil ar coinneamhan agus ar gnìomhan conaltraidh fosgailte don phoball.	Bliadhna 3 - 5	Prìomh Oifigear airson Riaghladh agus Cùisean Taobh a-muigh aig an Ùghdarras

FIOSRACHADH

Fiosan naidheachd: Buil a thathar ag iarraidh - Bithear a' cuairteachadh fhiosan naidheachd àrd-inbhe agus a h-uilegach fios naidheachd co-cheangailte ri Gàidhlig an dà chuid sa Ghàidhlig agus sa Bheurla.			
Gnìomhan a Dhìth		Ceann-latha Targaid	Dleastanas
CSA 7.1	Meudaichidh an t-Ùghdarras an àireamh de dh'fhiosan naidheachd àrd-iomhaigh a thèid fhoillseachadh sa Ghàidhlig.	Bliadhna 1 - 5	Prìomh Oifigear airson Riaghaladh agus Cùisean Taobh a-muigh aig an Ùghdarras / Speisealaiche Conaltraidh agus Com-pàirteachais nan Seirbheisean Foireansach
Meadhanan sòisealta: Buil a thathar ag iarraidh - Bithear a' sgaoileadh fios gu cunbhalach tro mheadhanan sòisealta, air a stiùireadh leis an ìre de chleachdadh aig an àm seo agus den ìre a dh'fhaodadh a bhith ann san àm ri teachd			
Gnìomhan a Dhìth		Ceann-latha Targaid	Dleastanas
CSA 8.1	Lèirmheas air na seanailean didseatach an SPA gus susbaint a chomharrachadh a dh'fhaodadh a bhith sa Ghàidhlig.	Bliadhna 1	Prìomh Oifigear airson Riaghaladh agus Cùisean Taobh a-muigh aig an Ùghdarras / Speisealaiche Conaltraidh agus Com-pàirteachais nan Seirbheisean Foireansach
CSA 8.2	Cuiridh an t-Ùghdarras a-mach co-dhiù 15 postan air na meadhanan sòisealta agus brosnachidh e susbaint Gàidhlig air a dhèanamh leis an Ùghdarras.	Bliadhna 1 - 5	
Làrach-lìn: Buil a thathar ag iarraidh - Bu chòir susbaint a bhith ri fhaighinn air làrach-lìn an ùghdarrais phoblaich, le cuideam air na duilleagan a dh'fhaodadh an àireamh asmotha de dhaoine fhaicinn.			
Cleachdadh làithreach - Foillsichidh an t-Ùghdarras am Plana Gàidhlig aige air an làrach-lìn aige.			

Gnìomhan a Dhìth		Ceann-latha Targaid	Dleastanas
CSA 9.1	Susbaint Ghàidhlig an Ùghdarras gu lèir ri ruigsinn agus ri rannsachadh air làrach-lìn an Ùghdarras.	Bliadhna 2	Prìomh Oifigear airson Riaghladh agus Cùisean Taobh a-muigh aig an Ùghdarras
CSA 9.2	Meudaichidh an t-Ùghdarras an t-susbaint Ghàidhlig air prìomh dhuilleagan làrach-lìn an Ùghdarras a' nochdadh spèis co-ionann don Ghàidhlig agus don Bheurla.	Bliadhna 1 - 5	

Foillseachaidhean Corporra: Buil a thathar ag iarraidh - Air an dèanamh ann an Gàidhlig is Beurla, le prìomhachas air an fheadhainn a dh'fhaodadh a bhith air an leughadh leis an àireimh as motha de dhaoine

Cleachdadh làithreach - Bidh an t-Ùghdarras a' foillseachadh Plana Ro-innleachdail a' Phoilis an dà chuid anns a' Ghàidhlig agus a' Bheurla agus tha e air sgrìobhainnean a chruthachadh ann an Gàidhlig co-cheangailte ris an Sgeama Luchd-tadhail Neo-eisimeileach air Daoine a tha an Greim (Independent Custody Visiting Scheme) airson cleachdadh le daoine a tha an greim a tha airson bruidhinn ris an luchd-tadhail againn sa Ghàidhlig.

Gnìomhan a Dhìth		Ceann-latha Targaid	Dleastanas
CSA 10.1	Meudaichidh sinn an àireamh de ar prìomh fhoillseachaidhean a bhios sinn a' dèanamh gu dà-chànanach agus sa Ghàidhlig.	Bliadhna 1 - 5	Prìomh Oifigear airson Riaghladh agus Cùisean Taobh a-muigh aig an Ùghdarras
CSA 10.2	Liosta a dhèanamh de na stuthan Gàidhlig is dà-chànanach a th' ann mar-thà, a' gabhail a-steach foillseachaidhean, pàipearachd, foirmean agus susbaint air-loidhne	Bliadhna 1	Prìomh Oifigear an Ùghdarras airson Stiùireadh Corporra

Cleachdadh a' chàinain: Buil a thathar ag iarraidh - Tha pròiseas an sàs gus dèanamh cinnteach gu bheil càileachd agus ruigsinneachd na Gàidhlig anns an fhiosrachadh corporra aig ìre àrd.

Cleachdadh làithreach - Bidh an t-Ùghdarras a' cleachdadh seirbheisean eadar-theangachaidh gus foillseachaidhean Gàidhlig a dhèanamh Leanaidh eadar-theangachadh a chuireas sinn air dòigh an tionndadh as ùire de Ghnàthachas Litreachadh na Gàidhlig agus comhairle bho Ainmean-àite na h-Alba.

Gnìomhan a Dhìth		Ceann-latha Targaid	Dleastanas
CSA 11.1	Leanaidh foillseachaidhean a nithear sa Ghàidhlig an tionndadh as ùire de Gnàthachas Litreachadh na Gàidhlig.	Bliadhna 1 - 5	Prìomh Oifigear airson Riaghladh agus Cùisean Taobh a-muigh aig an Ùghdarras

Taisbeanaidhean: Buil a thathar ag iarraidh - Bu chòir coimhead gu cunbhalach air cothroman gus taisbeanaidhean poblach a libhrigeadh gu dà-chànanach no sa Ghàidhlig, le prìomhachas ga thoirt dhaibhsan aig a bheil a' bhuidh as motha.

Cleachdadh làithreach - Chan eil an t-Ùghdarras a' libhrigeadh thaisbeanaidhean poblach.

LUCHD-OBACH

In-sgrùdadh Buil a thathar ag iarraidh - Dèan sgrùdadh de sgilean agus feumalachdan trèanadh Gàidhligtaobh a-staigh na buidhne rè beatha gach plana.			
Cleachdadh làithreach - Chaidh sgrùdadh comas a dhèanamh taobh a-staigh gus dealbhceart fhaighinn de sgilean Gàidhlig agus de dh'ùidh ann an trèanadh.			
Gnìomhan a Dhith		Ceann-latha Targaid	Dleastanas
CSA 12.1	Sgrùdadh comais Gàidhlig gu bhith air a dhèanamh.	Bliadhna 4	Ceannard Stiùireadh Gnìomhachas an Ùghdarras an co-bhonn ri
Trèanadh Inntigidh/ Trèanadh Mothachaidh Gàidhlig: Buil a thathar ag iarraidh - Bidh fios mu phlana Ghàidhlig an ùghdarras mar phàirt den inntigeadh aig luchd-obrach ùra uile agus thèid TrèanadhMothachaidh a thabhann.			
Cleachdadh làithreach - Chan eil seo mar phàirt den phlana inntigidh aig luchd-tòiseachaidhùra aig an àm seo. Ach, tha raon plana Gàidhlig sònraichte air eadra-lìon an luchd-obrach a tha a' brosnachadh ghoireasan Gàidhlig.			
Gnìomhan a Dhith		Ceann-latha Targaid	Dleastanas
CSA 13.1	Leasaich modal ionnsachaidh airson Poileas Alba agus luchd-obrach an SPA gus mothachadh mun Ghàidhlig agus dealasan buidhne a bhrosnachadh mar a tha air am mìneachadh nar Planaichean Gàidhlig agus a sgaoileadh taobh a-staigh beatha nam planaichean.	Bliadhna 4	Ceannard Stiùireadh Gnìomhachas an Ùghdarras
CSA 13.2	Coimisean Trèanadh Mothachaidh Gàidhlig airson buill an Ùghdarras, agus Sgioba-stiùiridh Corporra is Foireansach Ùghdarras Poilis na h-Alba.	Bliadhna 2	
CSA 13.3	Ùraichidh sinn Leabhar-làimhe Inntigidh an SPA gus mothachadh mun Ghàidhlig agus geallaidhean buidhne adhartachadh mar a tha air am mìneachadh nar Plana Gàidhlig.	Bliadhna 1	Prìomh Oifigear an Ùghdarras airson Stiùireadh Corporra

Treanadh a' chàinain: Buil a thathar ag iarraidh - Trèanadh agus leasachadh sgilean Gàidhlig air a thabhann don luchd-obrach, gu sònraichte a thaobh cur an gnìomh plana Gàidhlig an ùghdarrais phoblaich.

Cleachdadh làithreach - Tha cothroman ionnsachadh càinain air am brosnachadh do luchd-obrach tro raon sònraichte den Phlana Ghàidhlig air an eadra-lìon. Tha buidseatan trèanaidh air an toirt seachad a bheir cothrom do luchd-obrach beachdachadh air an trèanadh cheart air a bheil feum aca airson an dreuchdan a libhrigeadh.

Gnìomhan a Dhìth		Ceann-latha Targaid	Dleastanas
CSA 14.1	Brosnaichidh Pròiseas Teachdaireachdan Corporra agus Leasachadh Pearsanta an Ùghdarrais cothroman trèanaidh Gàidhlig do luchd-obrach.	Bliadhna 1 - 5	Ceannard Stiùireadh Gnìomhachas an Ùghdarrais / Cathraiche fo-bhuidheann Seirbheisean Foireansach Co- ionannachd, Iomadachd agus In- ghabhail (EDI).

Fastadh: Buil a thathar ag iarraidh - Ag aithneachadh agus a' toirt spèis do sgilean Gàidhlig taobh a-staigh a' phròiseas fastaidh air feadh an ùghdarrais phoblaich

Gnìomhan a Dhìth		Ceann-latha Targaid	Dleastanas
CSA 15.1	Bidh toirt a-steach sgilean Gàidhlig mar rud adhartach air fhisge a-steach nar gnìomhan fastaidh.	Bliadhna 1 - 5	Ceannard Stiùireadh Gnìomhachas an Ùghdarrais / Cathraiche fo-bhuidheann Seirbheisean Foireansach Co- ionannachd, Iomadachd agus In- ghabhail (EDI).
CSA 15.2	Gnìomh fastaidh sònraichte airson saor-thoilich ICVS.	Bliadhna 1 - 5	

Fastadh: Buil a thathar ag iarraidh - Gàidhlig air ainmeachadh mar sgit riatanach agus/no ion-mhiannaichte ann an tuairisgeulan obrach gus am plana Gàidhlig a libhrigeadh agus a rèir comhairle fastaidh Bòrd na Gàidhlig.

Gnìomhan a Dhìth		Ceann-latha Targaid	Dleastanas
------------------	--	---------------------	------------

CSA 16.1	Bidh sgioba corporra an Ùghdarras, nuair a bhios iad ag ath-sgrùdadh nan tuairisgeulan dreuchd aca, a' moladh gum biodh a' Ghàidhlig na sgil ion-mhiannaichte.	Bliadhna 1 - 5	Ceannard Stiùireadh Gnìomhachas an Ùghdarras
----------	--	----------------	---

Fastadh: Buil a thathar ag iarraidh - Sanasan obrach dà-chànanach no Gàidhlig a-mhàin airson gach dreuchd far a bheil Gàidhlig na sgil riatanach.			
Gnìomhan a Dhith		Ceann-latha Targaid	Dleastanas
CSA 17.1	Nuair a chomharraicheas an t-Ùghdarras dreuchdan far a bheil Gàidhlig na sgil riatanach bidh sinn a' sanasachadh agus ag adhartachadh iad sin gu dà-chànanach neo sa Ghàidhlig.	Bliadhna 1 - 5	Ceannard Stiùireadh Gnìomhachas an Ùghdarras

CORPAS NA GÀIDHLIG

Gnàthachas Litreachadh na Gàidhlig: Buil a thathar ag iarraidh - Thèid an tionndadh as ùire de Ghnàthachas Litreachadh na Gàidhlig a leantainn anns gach nì sgrìobhte a nì an t-ùghdarras poblach.			
Cleachdadh làithreach - Bidh an t-Ùghdarras a' cleachdadh seirbheisean eadar-theangachaidh gus foillseachaidhean Gàidhlig a dhèanamh Leanaidh eadar-theangachadh a chuireas sinn air dòigh an tionndadh as ùire de Ghnàthachas Litreachadh na Gàidhlig.			
Gnìomhan a Dhith		Ceann-latha Targaid	Dleastanas
18.1	Dèan cinnteach gu bheil taic eadar-theangachaidh is eadar-mhìneachaidh an sàs gus cuideachadh le eadar-theangachadh, co-chomhairlean agus susbaint didseatach no sna meadhanan.	Mar a tha a dhith	Prìomh Oifigear airson Riaghladh agus Cùisean Taobh a-muigh aig an Ùghdarras
18.2	Leanaidh eadar-theangachadh a dh'iarrar Gnàthachas Litreachadh na Gàidhlig.		

Ainmean-Àite: Buil a thathar ag iarraidh - Thathar a' sireadh agus a' cleachdadh comhairle mu ainmean-àite Gàidhlig bho Ainmean-Àite na h-Alba.			
Cleachdadh làithreach - Bidh an t-Ùghdarras a' cleachdadh seirbheisean eadar-theangachaidh gus foillseachaidhean Gàidhlig a dhèanamh. Leanaidh eadar-theangachadh a chuireas sinn air dòigh an tionndadh as ùire de Ghnàthachas Litreachadh na Gàidhlig agus comhairle bho Ainmean-àite na h-Alba.			
Gnìomhan a Dhìth		Ceann-latha Targaid	Dleastanas
19	Leanaidh eadar-theangachadh a dh'iarrar comhairle bho Ainmean-Àite na h-Alba.	Mar a tha a dhìth	Prìomh Oifigear airson Riaghladh agus Cùisean Taobh a-muigh aig an Ùghdarras

4. CEANGLAICHEAN RIS AN FHRÈAM-OBACH COILEANAIDH NÀISEANTA

Bidh Plana Gàidhlig an Ùghdarras a' cur ris na builean a leanas anns an Fhrèam-obrach Coileanadh Nàiseanta:

- **tha daoine a' fàs suas gu sàbhailte le gaol is spèis gus an coilean iad an làn chomasan**
Tha am plana ag amas air a' Ghàidhlig a bhrosnachadh agus gus spèis cho-ionann a thoirt dhi. Airson luchd-labhairt na Gàidhlig, tha seo a' sealltainn taic dhan chultar, dualchas is coimhearsnachd aca.
- **tha daoine a' fuireach ann an coimhearsnachdan a tha in-ghabhalach, cumhachdach, foghainteach agus sàbhailte**
Tha am plana a' cur air adhart prògram àrd-amasach airson teachdaireachdan do choimhearsnachd gus coimhearsnachdan Gàidhlig a ruighinn air feadh na h-Alba cho math ri ullachadh airson barrachd conaltraidh aig ìre ionadail. Cuiridh seo ri iomadachd agus ri cumhachdachadh nan coimhearsnachdan Gàidhlig.

5. CEANGLAICHEAN RI FRÈAMAN IONADAIL IS ROINNEIL

Tha Plana Ro-innleachdail a' Phoileis aig Ùghdarras Poileis na h-Alba agus Poileas Alba air a dhealbhadh timcheall air còig builean ro-innleachdail a tha a' toirt cunntas air a' bhuaidh dheimhinneach a tha sinn a' sireadh air sluagh agus coimhearsnachdan na h-Alba. Air ùrachadh a h-uile trì bliadhna, tha am plana seo air fhoillseachadh sa Ghàidhlig, gus an aon spèis agus cothrom a thoirt do luchd-labhairt na Gàidhlig agus do choimhearsnachdan gus tuigse fhaighinn air mar a tha obair poileis na bhunait do shàbhailteachd agus ath-leumachd muinntir na h-Alba.

Tha Ro-innleachd Chorporra an Ùghdarras a' mìneachadh àite agus dleastanasan an Ùghdarras mar am buidheann riaghlaidh airson obair poileis ann an Alba, na builean a tha sinn ag iarraidh a choileanadh agus na gnìomhan àrd-ìre a tha air an dealbhadh gus an coileanadh. Tha an Ro-innleachd Chorporra a' co-thaobhadh ri Prìomhachasan Ro-innleachdail a' Phoileis a dh'fhoillsich Riaghaltas na h-Alba, agus bu chòir a leughadh an cois Plana Ro-innleachdail Poileis an Ùghdarras agus Ro-innleachd Sheirbheisean Foireansach.

Tha iad sin a' toirt seachad am frèam ro-innleachdail a tha a' suidheachadh a' cho-theacsa agus an stiùireadh airson obair poileis ann an Alba. Tha an Ro-innleachd Chorporra 3-bliadhna air a neartachadh le Plana Buileachaidh a tha a' mìneachadh prìomhachasan an Ùghdarras agus a' mìneachadh mar a thèid coileanadh a thomhas.

Bheir am frèam gu h-àrd taic do dh'amasan an dàrna tionndadh den Phlana Ghàidhlig aig an Ùghdarras gus cuireadh for-ghnìomhach a dhèanamh air beachdan luchd-labhairt is choimhearsnachdan na Gàidhlig gus fiosrachadh a thoirt do ghnìomhachas an Ùghdarras.

Tha an dòigh-obrach seo air a dhaingneachadh le Ro-innleachd Conaltraidh a tha a' toirt prìomhachas do leasachadh ar conaltradh le riaghaltas ionadail.

6. FOILLSEACHADH

FOILLSEACHACHADH AGUS SANASACHD A' PHLANA

AIR AN TAOBH A-STAIGH

Thèid Plana Ghàidhlig Ùghdarras Poilis na h-Alba fhoillseachadh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla air an làraich-lìn againn agus bi cothrom aig an luchd-obrach uile again air tron eadra-lìon againn.

Thèid conaltradh mun phlana a chur dhan luchd-obrach uile le àrd-stiùirichean.

AIR AN TAOBH A-MUIGH

Thèid an dàrna tionndadh de Phlana Ghàidhlig Ùghdarras Poilis na h-Alba fhoillseachadh sa Ghàidhlig agus sa Bheurla air an làraich-lìn againn. A bharrachd air seo, nì sinn mar a leanas:

- a' cur a-mach fios naidheachd mu fhoillseachadh a' phlana
- nì sinn sanasachd air a' phlana air diofar àrd-ùrlaran sna meadhanan sòisealta
- sgaoilidh sin lethbhreacan den phlana do phrìomh luchd-ùidh anns na roinnean poblach, prìobhaideach agus san treas roinn
- sgaoilidh sinn lethbhreacan den phlana do bhuidhnean Gàidhlig iomchaidh agus do bhuidhnean eile aig a bheil ùidh anns a' chùis
- cuiridh sinn lethbhreacan pàipeir a-mach nuair a thèid sin iarraidh

7. GOIREASACHADH A' PHLANA

Co-òrdanachaidh sgioba Riaghladh Gnothachais Ro-innleachdail an Ùghdarras libhrigeadh nan geallaidhean sa phlana seo, ag obair gu dlùth le Poileas Alba, Seirbheisean Foireansach agus an sgioba Corporra san fharsaingeachd.

Thèid na cosgaisean co-cheangailte ri libhrigeadh nan gealltanasan àbhaisteachadh taobh a-staigh buidseatan a th' ann mar-thà agus/no mar phàirt de phròiseasan ùrachaidh leantainneach.

8. A' SGRÙDADH A' PHLANA

Foillsichidh Ùghdarras Poilis na h-Alba an aithisg adhartais aige do Bhòrd na Gàidhlig a thaobh cur an gnìomh a' Phlana Ghàidhlig air an làraich-lìn againn.

9. AM PLANA GÀIDHLIG ANNS AN ÙGH DARRAS PHOBLACH

UALLACH AIRSON A' PHLANA AIR A' CHEANN THALL

Tha uallach iomlan air an Àrd-oifigear agus Oifigear Cunntachail airson ullachadh, libhrigeadh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Ùghdarras Poilis na h-Alba. Is urrainnear fios a chur orra mar a leanas:-

Lynn Brown OBE
Àrd-oifigear
Ùghdarras Poilis na h-Alba
1 Cidhe a' Chuain Sèimh
Glaschu G51 1DZ
SPAChiefExecutive@spa.police.uk.

UALLACH LÀITHEIL AIRSON A' PHLANA

Tha uallach làitheil air an Àrd-oifigear Taic Chorporra airson libhrigeadh agus sgrùdadh Plana Gàidhlig Ùghdarras Poilis na h-Alba. Bu chòir ceistean mu obrachadh a' phlana bho latha gu latha a chur gu:

Aimie McGuinness
Ùghdarras Poilis na h-Alba
1 Cidhe a' Chuain Sèimh
Glaschu
G51 1DZ
SPACorporateServices@spa.police.uk.

BUIDHEANN BUILEACHAIDH IS SGRÙDAIDH PLANA GÀIDHLIG

Stèidhichidh Ùghdarras Poilis na h-Alba plana buileachaidh agus sgrùdaidh airson a' Phlana Ghàidhlig a rèir nan amasan àrd-ìre a chaidh aontachadh. Bidh a' bhuidheann seo na co-bhuidheann aig an Ùghdarras agus Poileas Alba agus bidh e' gabhail a-steach luchd-obrach is


oifigearan bhon dà bhuidhinn, agus bho fhoincsean corporra a' gabhail a-steach Conaltradh Corporra agus Oighreachdan. Bidh seo a' gabhail a-steach Seirbheisean Foireansach cuideachd.

Coinneachaidh a' bhuidheann gach ràithe gus sùil a chumail air buileachadh agus sgrùdadh nan diofar taobhan anns a' phlana agus gus conaltradh a chur an comas eadar buidhnean agus an luchd-obrach.


EÀRR-RÀDH 1 - IN-SGRÙDADH AIR COMAS CÀNAIN

Uile gu lèir bha 138 neach-freagairt bho Sheirbheisean Corporra is Foireansach an SPA. Dh'fhàg tuilleadh mion-sgrùdadh 6 de na freagairtean sin a-mach mar luchd-obrach buailteach a bhith aig Poileas Alba. Tha an àireamh de luchd-obrach le sgilean Gàidhlig air a dhol suas bho sgrùdadh an Ùghdarrais ann an 2018. Tha tar-shealladh air tuigse, sgrìobhadh agus comas labhairt am measg an 132 neach-freagairt air a thoirt seachad gu h-ìosal agus tha làn sgrùdadh air a thoirt seachad sa phàipear gu coinneamh an Ùghdarrais air 29 Sultain 2021.³

C1 Dè tè as fheàrr a mhinicheas do chomas air Gàidhlig labhairteach a thuigsinn.




C2 Dè tè as fheàrr a mhinicheas do chomas sgrìobhaidh sa Ghàidhlig.




³ [rep-b-20210922-item-10-1-spa-gaelic-language-plan-2021-26.pdf](#)

C3 Dè tè as fheàrr a mhìnicheas do chomas labhairt sa Ghàidhlig.



C4 Am biodh ùidh agad ann a bhith cuideachadh le lìbhrigeadh a' Phlana Ghàidhlig



Tha an dàrna deasachadh den Phlana Ghàidhlig againn a' nochdadh taic an Ùghdarras airson adhartachadh agus aithneachadh na Gàidhlig. Tha amasan sa phlana a' gealltainn a bhith a' brosnachadh agus a' solarachadh chothroman dhaibhsan a tha ag iarraidh trèanadh fhaighinn, a bharrachd air dòigh-obrach for-ghnìomhach a thaobh beachdachadh air ìre nan sgilean Gàidhlig nuair a bhios iad a' fastadh gu dreuchdan sònraichte mar a bhios iomchaidh.

EÀRR-RÀDH 2 - CO-CHOMHAIRLE PHOBLACH

Co-theacsa

Eadar an t-luchar agus an Lùnastal 2021, ruith an t-Ùghdarras suirbhidh air an dreachd Plana Gàidhlig 2021-26 aige. Bha sia ceistean anns an t-suirbhidh le eileamaidean fosgailte agus dùinte a' cuimseachadh air beachdan air cleachdadh na Gàidhlig leis an Ùghdarras agus an dreachd Phlana. Fhuair 34 freagairtean uile gu lèir.


Tha am pàipear seo a' mìneachadh nam prìomh phuingean agus ghluasadan. Tha làn sgrùdadh air gach aon de na sia ceistean air a thoirt seachad sa phàipear gu coinneamh an Ùghdarras air 29 Sultain 2021.⁴

C1: Dòighean air Luchd-cleachdaidh na Gàidhlig agus coimhearsnachdan a bhrosnachadh gus am beachdan a thoirt seachad

Mar a chithear ann am **Figear 1**, mar fhreagairt don cheist ioma-roghainn air mar a b' urrainn don Ùghdarras luchd-cleachdaidh na Gàidhlig agus coimhearsnachdan a bhrosnachadh gus am beachdan a thoirt seachad air obair poileis, bha a' mhòr-chuid den luchd-fhreagairt a' faireachdainn gun gabhadh seo a choileanadh le bhith a' conaltradh ri coimhearsnachdan agus buidhnean a tha a' riochdachadh luchd-labhairt na Gàidhlig (n=20). Chaidh seo a leantainn le bhith ag obair le meadhanan Gàidhlig/sanasachd gus luchd-cleachdaidh agus coimhearsnachdan a ruighinn (n=16) agus a' brosnachadh agus a' toirt cuireadh do bheachdan air ais sa Ghàidhlig (n=10).

Figear 1: C1 - Dè na prìomh dhòighean anns am b' urrainn dhuinn luchd-cleachdaidh agus coimhearsnachdan na Gàidhlig a bhrosnachadh gus am beachdan a cho-roinn gus fiosrachadh a thoirt do sgrùdadh obair poileis agus cùisean poileis?

⁴ [rep-b-20210922-item-10-1-spa-gaelic-language-plan-2021-26.pdf](#)




Gu sònraichte, thagh seachdnar luchd-freagairt ‘Eile’ agus fhuair iad cuireadh na molaidhean aca a chur a-steach – ged a fhuair iad 10 freagairtean teacs an-asgaidh. Bha a’ mhòr-chuid de na beachdan sin àicheil gu ìre mhòr, a’ gabhail a-steach gun a bhith a’ smaoinichadh/a’ ceasnachadh carson a bha feum air, a’ smaoinichadh gur e caitheamh ghoireasan/airgead a bh’ ann, no a’ toirt iomradh air gainnead luchd-labhairt na Gàidhlig san sgìre aca.

Ach, mhol cuid den luchd-fhreagairt tuilleadh ghnìomhan conaltraidh leithid latha mothachaidh/comharrachadh na Gàidhlig a chumail, cuireadh a thoirt do bhall de Bhòrd na Gàidhlig bruidhinn ri buill an Ùghdarrais aig coinneamh phoblach air cho cudromach sa tha am Plana Gàidhlig, barrachd fhoillseachaidhean sa Ghàidhlig (a’ gabhail a-steach an làrach-lìn agus conaltradh fòn), agus tro obair poileis ionadail ann an sgìrean far a bheil Gàidhlig mar phrìomh chànan.

C3: Cho cudromach sa tha an SPA a’ brosnachadh agus a’ toirt a-steach beachdan luchd-cleachdaidh agus choimhearsnachdan na Gàidhlig

Bha a’ mhòr-chuid (n26) a’ faireachdainn gu robh e cudromach beachdan luchd-cleachdaidh agus choimhearsnachdan na Gàidhlig a bhrosnachadh agus a thoirt a-steach – faic Figear 3. Thagh sianar luchd-freagairt ‘Chan eil’ agus fhreagair fear eile ‘Chan eil mi cinnteach’.

Figear 2: C3 - A bheil thu a’ faireachdainn gu bheil e cudromach dhuinn beachdan luchd-cleachdaidh agus choimhearsnachdan na Gàidhlig a bhrosnachadh agus a thoirt a-steach?



Dh'fhàg 15 neach-freagairt beachd carson a bha iad a' faireachdainn mar seo.


Airson an neach-freagairt a thagh 'Chan eil mi cinnteach', thug iad fa-near gu robh iad "an-còmhnaidh deiseil airson in-ghabhail" ach gur e freagairt mhòr a bh' ann airson slugh beag. Bha an fheadhainn a thagh 'Chan eil' a' faireachdainn gur e sgudal a bh' ann air goireasan poblach, nach robh e na phrìomh dhleastanas aig na poileis, agus nach robh luchd-labhairt na Gàidhlig san sgìre aca.

Den fheadhainn a thagh 'Tha' agus a dh'fhàg beachd, thug a' mhòr-chuid fa-near gum bu chòir beachdan a h-uile coimhearsnachd agus buidheann (m.e. coimhearsnachdan BAME, daoine òga, daoine le ciarraman msaa) a bhrosnachadh agus a ghabhail a-steach. Cha robh cuid eile a' tuigsinn carson a dh'fheumadh e a bhith sa Ghàidhlig, bha iad a' faireachdainn gun dèanadh e "àbhaisteachadh" air a' Ghàidhlig agus gum biodh i nas follaisiche, no thug iad seachad freagairtean coltach/na h-aon do C2 mu dheidhinn a bhith cudromach ann a bhith a' faighinn an taic agus an cead agus gur e cànan 'dachaigh' a th' ann.

C4: Sùileachadh air cleachdadh na Gàidhlig aig an Ùghdarras

Tha **Figear 4** a' sealltainn gu robh a' mhòr-chuid den luchd-fhreagairt an dùil gun toireadh an t-Ùghdarras dreachan Gàidhlig de phrìomh fhoillseachaidhean rim faighinn (n=22). Bha 15 a' faireachdainn gum bu chòir gur ann le bhith a' toirt cuireadh agus a' freagairt cheistean sgrìobhte agus litrichean sa Ghàidhlig agus ochdnar gum bu chòir dha a bhith tro bhith a' freagairt cheistean fòn le beannachdan sa Ghàidhlig. Thagh 10 luchd-freagairt eile agus cha do fhreagair triùir.

Figear 3: C4 - Bidh an t-Ùghdarras ag amalachadh trèanadh mothachadh Gàidhlig don luchd-obrach againn. Ciamar a bhiodh dùil agad gun cleachd an t-Ùghdarras Gàidhlig na ghnìomhachd?



Bha 18 freagairtean ann don iartras airson beachd nan robh ‘Eile’ air a thaghadh – a dh’aindeoin dìreach 10 a’ taghadh ‘Eile’. A-rithist bha cuid den bheachd nach robh feum air, na sgudal air goireasan poblach, no gum bu chòir a bhith glè bheag. Ged a bha cuid eile a’ faireachdainn gum feumadh e a bhith co-rèireach no nuair a bha feum air/riatanach. Thuirt fear dhiubh gum feumadh e coinneachadh ri dùil luchd-labhairt na Gàidhlig agus mhol e faighneachd dha luchd-labhairt na Gàidhlig dè bha iad a’ sùileachadh. Thuirt fear eile “nach eil coltas iomchaidh air cuireadh, freagairt agus fàilteachadh sa Ghàidhlig” mus aithnichear gum bu chòir foillseachaidhean a bhith rim faighinn sa Ghàidhlig agus ann an cànanan eile a bhith àbhaisteach ma thèid an iarraidh.


Bhathar a’ moladh abairtean simplidh/bunaiteach a thoirt a-steach aig àm trèanaidh gus am b’ urrainn don luchd-obrach fàilte a chuir air / aithne a thoirt do bhuill den choimhearsnachd Ghàidhlig agus spèis a nochdadh oir dh’fhaodadh seo barrachd spèis agus co-obrachadh a bhrosnachadh bho luchd-labhairt na Gàidhlig.

Shònraich cuid den luchd-fhreagairt an roghainn fòn freagairt, ag ràdh nach b’ e deagh bheachd a bh’ ann no gun robh cunnart ann gun cuireadh iad às do choimhearsnachdan eile. Bha cuid eile den bheachd gum bu chòir a h-uile moladh a chur an gnìomh – le aon a’ moladh làrach-lìn dà-chànanach agus a’ freagairt am fòn sa Ghàidhlig. Chaidh soidhnichean, ainmean post-d agus puist meadhanan sòisealta dà-chànanach a mholadh cuideachd.

C5: Dreach Plana Gàidhlig gnàthach a’ cur deagh ìomhaigh air adhart airson na Gàidhlig

Mar fhreagairt do Cheist 5, bha a’ mhòr-chuid (n=17) an dara cuid ‘Ag Aontachadh gu Làidir’ no ‘Ag Aontachadh’ gun do choinnich an dreachd làithreach den Phlana Ghàidhlig ri amas an Ùghdarrais gus deagh ìomhaigh na Gàidhlig a chur air adhart – faic **Figear 5**. Chaidh seo a leantainn le 11 a thagh ‘Chan eil ag aontachadh no ag eas-aontachadh’, ceathrar a bha ‘Ag Eas-aontachadh’ no ‘Ag Eas-aontachadh gu Làidir’ agus fear nach do fhreagair.

Figear 4: C5 - Tha e mar dhleastanas air an Ùghdarras deagh ìomhaigh den Ghàidhlig a bhrosnachadh, gu dè an ìre gu bheil thu ag aontachadh no ag eas-aontachadh gu bheil an dreachd làithreach a' coileanadh an amais sin?



Dh'fhàg 14 neach-freagairt beachd carson a bha iad a' faireachdainn mar sin.

Den fheadhainn nach robh ag aontachadh agus a thug beachd, thuirtear cuid nach robh mòran de luchd-labhairt na Gàidhlig ann, le aon a' moladh gum bu chòir cothrom a bhith aig luchd-obrach Gàidhlig ionnsachadh mus cleachd iad i san àite-obrach. Thug iad fa-near nach robh iad air fianais sam bith fhaicinn air seo a dh'aindeoin ùidh a nochdadh nuair a chaidh am plana mu dheireadh a chur air bhog. Thuirtear an neach nach do fhreagair cuideachd nach robh uallach sam bith air an Ùghdarras cànan sam bith a bhrosnachadh agus mhol iad gum bu chòir obair poileis a bhrosnachadh.


Dhaibhsan a thagh 'Chan eil ag aontachadh no ag eas-aontachadh' agus a thug beachd, bha beachdan a' toirt a-steach gun a bhith a' creidsinn gum bu chòir dha a bhith cunntachail don Ùghdarras, gum bu chòir an amas a thoirt air falbh, agus nach bu chòir dha a bhith àrd air a' chlàr aig àm galar mòr-sgaoilte. Thuirtear aon neach-freagairt cuideachd gum bu chòir dèiligeadh ri coimhearsnachd na Gàidhlig mar a h-uile duine a dh'fhaodadh Beurla a chleachdadh mar dhàrna cànan agus "nach bu chòir dhuinn mion-chànan mar sin a chuir a-mach airson làimhseachadh sònraichte ann an Alba ioma-chultarach".

Thuirtear luchd-freagairt a bha 'Ag Aontachadh gu Làidir' no 'Ag Aontachadh' agus a thuirtear ged a dh'aontaich iad nach robh an t-Ùghdarras air a' mhòr-chuid de cheumannan a' phlana a bh' ann roimhe a chur an gnìomh, le aon a' moladh gum feum clàran-ama a bhith nas làidire agus nas gnìomhaiche. Thug aon dhiubh fa-near gun deach e nas fhaide na bhiodh dùil aca airson buidheann phoblach, ach thug fear eile fa-near gu robh e coltach gu robh e iomchaidh na riathanasan a choileanadh agus dh'fhaighnich iad am bu chòir dhuinn coimhead ri bhith a' dol thairis air na riathanasan.

C6: A bheil gealltanasan a’ Phlana Ghàidhlig a’ coinneachadh ri dùilean

Mar a chithear ann am **Figear 6**, bha beachdan measgaichte ann a thaobh an robh gealltanasan a’ Phlana Ghàidhlig a’ coinneachadh ri dùil luchd-freagairt. Bha seachdnar a’ faireachdainn gun do choinnich e gu tur ris na bha iad an dùil, 13 ann am pàirt, 11 nach robh idir, agus dithis nach do fhreagair.

Figear 5: C6 – A bheil thu a’ faireachdainn gu bheil na geallaidhean ann an dreachd Plana Gàidhlig an Ùghdarrais a’ coinneachadh ris na bha dùil agad?



Chaidh faighneachd don fheadhainn a thagh ‘Ann am pàirt’ no ‘Chan eil idir’ dè a bharrachd a dh’fhaodadh an t-Ùghdarrais a dhèanamh gus am Plana Gàidhlig a leasachadh. Fhuair 18 freagairtean – a’ gabhail a-steach aon bho neach-freagairt nach do fhreagair.

Den fheadhainn a thagh ‘Ann am pàirt’ agus a thug beachd seachad, bha aon a’ faireachdainn gu robh an suaicheantas dà-chànanach aig Seirbheisean Foireansach a bha ga fhoillseachadh agus ga sgaoileadh bliadhna às deidh sin a’ nochdadh “dealasach leth-chridhe don Ghàidhlig” aig an Ùghdarrais agus chuir iad cuideam air gum feum an Ùghdarrais dèanamh nas fheàrr. Chomharraich fear eile gum bu chòir suaicheantas dà-chànanach, suaicheantas seirbheisean Foireansach agus làrach-lìn dà-chànanach a bhith air an dèanamh cho luath ‘s a ghabhas agus gum bu chòir gach conaltradh agus freagairt fòn a bhith sa Ghàidhlig. Chaidh iomradh cuideachd a thoirt air a bhith a’ tabhann ionnsachadh na Gàidhlig do luchd-obrach, agus thug fear eile fa-near gum bu chòir barrachd conaltraidh a bhith ann leis a’ choimhearsnachd Ghàidhlig gus am biodh tuigse nas fheàrr aca air na tha iad a’ sùileachadh.

Am measg an fheadhainn a thuir agus a thagh tabhartasan ‘Chan eil idir’ bha iad a’ smaoinichadh nach robh e na phrìomhachas no nach robh iad eòlach air luchd-cleachdaidh na Gàidhlig san sgìre aca, faireachdainn nach robh feum air (m. e. “cuir stad air”) no nach bu chòir ach aon chànan a chleachdadh, agus gum bu chòir luchd-obrach a bhrosnachadh gus beagan Gàidhlig ionnsachadh an toiseach.

Thuir aon neach gum biodh barrachd buaidh aig cleachdadh agus brosnachadh Cànan Soidhnidh Bhreatainn agus bha iad diombach gun robh ùine ga chosg air seo seach “brosnachadh nan dòighean anns an gabh sgilean IT bunaiteach a leasachadh gus am faigh

luchd-obrach a' chuid as fheàrr às na h-aplacaidean a thathas a' cleachdadh sa bhuidheann". Thuirtear fear eile nach deach a mhìneachadh carson a bha feum air. Thug aon neach-freagairt fa-near cuideachd gum bu chòir oidhirpean a' phlana a bhith a' cuimseachadh air na raointean a tha dha-rìribh feumach air agus gun toireadh seo "uisge sìos" dha.

Coltach ris a' cheist roimhe, thuirtear an neach nach do fhreagair cuideachd nach robh uallach sam bith air an Ùghdarras cànan sam bith a bhrosnachadh agus mhol iad gum bu chòir obair poileis a bhrosnachadh.